

FAIGH TAIC A BHARRACHD AN-ASGAIDH RÈ GHEARRAIDHEAN CUMHACHD

Gabh sna Seirbheisean Prìomhachais AN-ASGAIDH againn



GEARRADH
CUMHACHD?
CUIR FÒN GU 105



Scottish & Southern
Electricity Networks

Powering our
community



BI ULLAICHTE AIRSON GEARRADH CUMHACHD

LE SEIRBHEISEAN PRÌOMHACHAIS AN-ASGAIDH




DÈ A TH' ANNS NA SEIRBHEISEAN PRÌOMHACHAIS AGAINN?

'S e a th' annta seo ach seirbheisean an-asgaidh do chustamairean air a bheil feum air taic a bharrachd ro, rè, agus às dèidh gearradh cumhachd.

CÒ SINNE?

Is sinne Scottish and Southern Electricity Networks Distribution, agus bidh sinn a' coimhead às dèidh nan uèirichean agus nan càballan a bheir dealan do do dhachaigh.

Tha e furasta is luath a ghabhail ann aig SSEN.CO.UK/JOINPSR



FAODAIDH TU GABHAIL ANN MA THA:

- Thu a' cleachdadadh uidheam / taicean meidigeach a dh'fheumas dealan
- Tinneas leantainneach ort
- Clann fo aois còig a' fuireach còmhla riut
- Nas sine na trì fichead
- Dall no gun làn chomas fhradharc
- Bodhar/maol sa chlaisneachd
- Ciorram ort
- Ro-iomagain, trom-inntinn no suidheachadh slàinte-inntinn sam bith eile ort
- Thu feumach air taic a bharrachd san ùine-ghoirid

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil feumalachdan eadar-dhealaichte aig gach duine. Ma tha thu a' smaoineachadh gur dòcha gum biodh trioblaidean mòra agad ri linn gearradh cumhachd, cuir fios thugainn airson comhairle.



CARSON A BU CHÒIR DHOMH GABHAIL ANN?

Tha Seirbheisean Priomhachais gu tur AN-ASGAIDH, agus tha iad a' toirt seachad:



Ùrachaidhean mu ghearraidhean cumhachd

Bheir sinn dhut am fiosrachadh as ùire mu ghearraidhean cumhachd, 24 uairean a thìde san latha. Cuiridh sinn fios thugad fhèin no chun an neach-conaltraidh ainmichte agad.



Conaltradh a tha freagarrach dhutsa

Is urrainn dhuinn fiosrachadh a thoirt dhut ann an clò mòr, Braille, CD claisneachd no cànan eile ma tha feum agad air.



Toil inntinn a thaobh do shàbhailteachd

Faodaidh tu facal-faire a thaghadh a chleachdas tu nuair a chuireas sinn fios thugad no nuair a thadhlas sinn ort. Cumaidh seo sàbhailte thu.



Taic socair rè gearraidean cumhachd fada

Tha sinn ag amas air cuideachadh a bharrachd a thabhannt rè gearraidean cumhachd fada. Faodaidh seo a bhith eadar-dhealaichte do dhiofar dhaoine, bho ghairmean a bharrachd bhon Sgioba Seirbheisean Priomhachais againn gus dèanamh cinnteach gu bheil thu ceart gu leòr nuair a bhios feum agad air seo, gu airgead air ais airson biadh, agus àite-fuirich eile mar phàirt den phacaid taic againn. Ann an cuid de shuidheachaidhean, obraichidh sinn le comhairlean ionadail agus le seirbheisean èiginn gus taic a bharrachd a thoirt seachad.



Plana Gearradh Cumhachd an-asgaidh

Às dèidh dhut gabhail ann, curridh sinn Plana Gearradh Cumhachd pearsanaichte thugad. Tha e air a dhealbhadh a rèir nam feumalachdan agad, agus cuidichidh e thu le bhith a' tuigsinn dè a nì thu ro, rè, agus às dèidh gearradh cumhachd.

Tha e furasta is luath a ghabhail ann aig **SSEN.CO.UK/JOINPSR**



COMHAIRLE AN-ASGAIDH GUS AIRGEAD A SHÀBHALADH DHUT



Ma thogras tu, is urrainn dhuinn comhairle lùths an-asgaidh bho eòlaiche a chur air dòigh dhut tro na com-pàirtichean againn YES Energy Solutions. Tha seo a' gabhail a-steach:

- Pasgan sàbhalaidh lùths an-asgaidh le innealan gus do chuideachadh le bhith a' lùghdachadh do bhilean.
- Molaidhean gus airgead a shàbhaladh le bhith a' cleachdadh nas lugha de chumhachd.
- Sgrùdaidhean feuch an urrainn dhut tabhartasan fhaighinn gus an dachaigh agad a dhèanamh nas èifeachdaiche a thaobh lùths.
- Sgrùdaidhean gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' faighinn nan sochairean agus na taic ionmhais air a bheil thu airidh.
- Taic dhan t-slàinte inntinn is chorporra agad.
- Taic agus comhairle gus teicneòlasan beag-carboin a thaghadh no a stàladh nad dhachaigh.
- Tha seirbheisean YES Energy Solutions an-asgaidh agus diomhair.

Tòisich air cumhachd a shàbhaladh:

1

Cuir fòn thugainn an-asgaidh air **0800 294 3259** agus faigh comhairle an-asgaidh bho YES Energy Solutions.

2

Rach gu ssen.co.uk/energyadvice agus lìon am foirm.

3

Le bhith a' cur cromag sa bhogsáig aig bonn an fhoirm, tha thu a' toirt cead dhuinn do chuid fiosrachadh a thoirt do YES Energy Solutions. Cuiridh iad pasgan sàbhalaidh lùths thugad agus cuiridh iad fòn air ais thugad.

NA THA NA CUSTAMAIREDH AGAINN AG RÀDH

"Tha mi ann an cathair-chuibhle, agus tha inneal-togail dealain agam gus mo chuideachadh airson a dhol dhan leabaidh Bidh an duine agam cuideachd a' stòradh cungaidhean-leighis san fhriðs. Ma thèid rabhadh a thoirt dhuinn ro-làimh gu bheil cunnart ann gum bi gearradh cumhachd ann mar thoradh air droch thidé no obair air a planadh, cuidichidh sinn mi fhèin is an duine agam gus ullachadh ro làimh. Tha e a' ciallachadh gun urrainn dhuinn an taic cheart a chur an sàs gus am bi sinn a' faireachdайн sàbhailte agus gu bheil smachd againn air cùisean san t-suidheachadh seo."

Mrs Millers, Aois 65



THA E LUATH AGUS AN-ASGAIDH GABHAIL ANN

Chan fheum sinn dearbhadh air d' ion-roghnachd. Faodaidh tu cuideachadh clàradh às leth daoine eile, a' gabhail a-steach buill teaghlaich dham biodh an t-seirbeis an-asgaidh seo feumail.

**Lion am foirm, rach air-loidhne no
cuir fòn thugainn an-asgaidh**



0800 294 3259



0800 316 5457 fòn-teacsa



ssen.co.uk/joinpsr



Tha Scottish and Southern Electricity Networks na ainn malairt aig: Scottish and Southern Energy Power Distribution Limited Clàraichte ann an Alba Air. SC213459; Scottish Hydro Electric Transmission plc Clàraichte ann an Alba Air. SC213461; Scottish Hydro Electric Power Distribution plc Clàraichte ann an Alba Air. SC213460; (tha na h-oifisean clàraichte aca uile aig Taigh Inbhir Amain, 200 Rathad Dhùn Chailleann, Peairt PH1 3AQ); agus Southern Electric Power Distribution plc Clàraichte ann an Sasainn is a Chuimhrig Air. 04094290 le oifis clàraichte: aig No. i Forbury Place, 43 Forbury Road, Reading, RG1 3J, a tha nam ball den SSE Group www.ssen.co.uk

@ssencommunity /ssencommunity

FOIRM AIRSON SEIRBHEISEAN PRÌOMHACHAIS

Fios conaltraidh: dhan neach aig am biodh feum air taic a bharrachd rè gearradh-dealanin.

| | | |
|---|------|-----------|
| Tiothal | Ainm | |
| Sloinneadh | | |
| Seòladh | | Còd-puist |
| Fòn dachaigh | | |
| Fòn-làimhe | | |
| Fòn-teacsa | | |
| Facal-faire tèarainteachd airson tadhal air do dhachaigh (10 caractaran aig a' char as mothà) Ma tha airson 's gun cleachd sinn facal-faire nuair a thadhlas sinn ort, cuir a-steach an seo e: | | |

Neach-fios ainmichte

Ma tha airson 's gun cuir sinn fios gu cuideigin air do shon, thoir seachad am fiosrachadh aca gu h-iosal.

| | | |
|--------------|------|--|
| Tiothal | Ainm | |
| Sloinneadh | | |
| Fòn dachaigh | | |
| Fòn-làimhe | | |
| Dàimh | | |

Airson fiosrachadh air mar a bhios sinn a' tional, a' stòradh agus a' làimhseachadh an dàta agad, faic ar Fios Priobhaideachd aig ssen.co.uk/privacynotice (cuir fios thugainn ma tha sibh ag iarraidh lethbhreac pàipeir).

Mura h-eil feum agad air Seirbheisean Priomhachais tuilleadh, cuir fòn thugainn air **0800 294 3259** no cuir fios thugainn air fòn-teacsa air **0800 316 5457** no air networks.priority.services@sse.com, agus bheir sinn far a' chlàir thu.

Feumalachdan Meadaigeach

- Nebuliser no Monatair Apnoea
- Inneal Cridhe / Sgamhain
- Dialysis, pumpa beathachaidh agus cungaideadh-leigheis meacanaigeach
- Cleachdadh ocsaidean
- Dùmhlaiche (concentrator) ocsaidean
- Careline no Telecare (a' gabhail a-steach sgrùdadh cridhe)
- Feum air frasan / amaran air adhbharan meadaigeach
- Àrdaichead-staidhre, inneal-togail no leabhaidh dealain
- Cungaideadh-leigheis a dh'fheumar cumail san fhrids

Feumalachdan co-cheangailte ri aois

- Nas sìne na 60 bliadhna a dh'aois
- Clann fo aois 5 a' fuireach còmhla riut

Feumalachdan Gluasaid

- Ciorram corporra
- Gluasad làimhe cuibhrichte
- Gun chomas an doras a fhreagairt

Sàbhailteachd

- Ag iarrайдh làthaireachd a bharrachd
- Droch chomas-àilidh / blaisidh
- Feumach air uisge (adhbharan meidigeach)

Mar a chleachdas sinn am fiosrachadh agad

Tha e na dhleastanas laghail oirnn Seirbheisean Priomhachais a thoirt seachad. Gus Seirbheisean Priomhachais a thoir dhut, stòráidh sinn am fiosrachadh a thug rù dhuinn agus cleachadh sinn sin gus taic a thoirt dhut rù uidheachaidhean eigin, droch thide no gearräidhean cùmhachd planaichte. Bidh sinn a' déanamh seo air stéidh adhbharan dligeach agus leas poblach susbainteach (a' dion inbhich is clann so-léonte). Dh'fhaodamaid d' fiosrachadh a cho-roinn le buidhnean sòisealta, solarainchean dealain, luchd-giùlán gas, compaanaidhean uisge, uighdarsasan ionadail agus seirbheisean eigin gus am bi na buidhnean sin comasach air taic agus cuideachadh a thoirt dhut ann an uidheachaidhean sonraichte no eigin.

Dh'fhaodte gun tèid fios a chur thugad gus do bheachdan iarrайдh air na seirbheisean againn.

A' co-roinn do chuid fiosrachaidh.

Às dèidh dhut a bhith air do chur air adhart gu YES Energy Solutions, ma tha thu toilichte suirbhidh a lionadh, cuir cromag sa bhogsa gu h-iosal, agus thèid am fiosrachadh agad a thoirt don t-solarainche suirbhidh treas-phàrtaidh againn, gus sgrùdadh riarachd chustamairean a dhèanamh. Cha chleach solarainche an t-suirbhidh am fiosrachadh agad ach A-MHAIN gus fios a chur thugad mun t-suirbhidh. Mur eil thu airson an suirbhidh a dhèanamh, na cuir criomag sa bhogsa. Ma co-dhùineas tu nas fhaide air adhart nach eil thu airson an suirbhidh a dhèanamh, feuch an innis thu dhuinn le bhith a' fònadhdh thugainn air 0800 294 3259.

Tha mi ag aontachadh fiosrachadh a cho-roinn le YES Energy Solutions gus comhairle lüths fhaighinn.

Cuir seo gu:

Seirbheisean Priomhachais, Scottish and Southern Electricity Networks, FREEPOST, RTGH-TXXT-ZAEG, Taigh Inbhir Almain, 200 Rathad Dhùn Chailleann, Peart, PH1 3AQ

Suidheachaidhean Slàinte

- Tinneas leantaineach
- Seargadh-inntinn
- Suidheachaidhean leasachaidh (a' gabhail a-steach ôtasm)
- Slàinte-inntinn

Feumalachdan Conaltraidh

- Dall
- Gun làn chomas fhradharc
- Maol sa chlaisneachd (a' gabhail a-steach a bhith bodhar)
- Ciorram labhairt
- Gun chomas conaltraidh sa Bheurla

Feumalachdan Sealach

- Ath-shhlànachadh às dèidh dhut a bhith san ospadal
- Atharrachaidhean beatha (mar eisimpleir, a' call neach-gaoil)
- Ceannard dachaigh òg fo aois 18

An cànan as fheàrr leat

Ciamar a chuala tu mur deidhinn?